



**Fèisean nan Gàidheal  
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean**

**Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.**

**Poileasaidh: Plana Ath-stèidheachaidh is Leantalachd airson a' Ghnìomhachais airson Taigh a' Mhill**

**Tha am poileasaidh mar phàirt de: Poileasaidh Làimhseachaidh Cunnairt, Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd**

**Poileasaidhean Co-cheangailte:** Poileasaidh Làimhseachaidh; Dèiligeadh ri Uallach-inntinn; Làimhseachadh Cunnairt; Luchd-obrach nan Aonar; Leabhran an Luchd-obrach

**Adhbhar a' Phoileasaidh:** Gus dèanamh cinnteach gun lean obair àbhaisteach na buidhne aig Taigh a' Mhill, Port Rìgh (Prìomh Oifis), ma thèid milleadh a dhèanamh air an togalach no ma dh'èireas nì ceudna.

**Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh:** Dleastanasan is siùil gus dèanamh cinnteach gun lean obair na buidhne.

**Chaidh am poileasaidh a dhealbh le:** Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

**Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha):** 01 An Gearran 2010.

**Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha):** 18 An Gearran 2010.

**Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha):** Sa Ghearran 2011.

**Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.**

## **Fèisean nan Gàidheal**

### **Plana Ath-stèidheachaidh is Leantalachd airson a' Ghnìomhachais airson na Prìomh Oifis**

Clàr-innse

#### **1 Prìomh Sgioba Ath-stèidheachaidh na h-Oifis**

- 1.1 Cinn-uidhe airson Ath-stèidheachadh an Aonaid
- 1.2 Dleasan airson Ath-stèidheachadh an Aonaid
- 1.3 Gnìomhachd riatanach ri a h-Ath-stèidheachadh
- 1.4 Buill an Sgioba Ath-stèidheachaidh agus fiosrachadh conaltraidh

#### **2 Obair Sgioba Ath-stèidheachaidh na Prìomh Oifis**

- 2.1 A' faighinn fios mu dhroch chall
- 2.2 A' gairm an sgioba
- 2.3 A' toirt stiùireadh don sgioba
- 2.4 Logaichean
- 2.5 A' cur fios gu Luchd-obrach na Prìomh Oifis
- 2.6 A' Sàbhaladh Nithean
- 2.7 A' gluasad chun an Ionaid Ath-stèidheachaidh
- 2.8 San Ionad Ath-stèidheachaidh
- 2.9 A' tòiseachadh obair an ath-stèidheachaidh
- 2.10 A' faighinn a-mach mu dè am fiosrachadh/pàipearan obrach a chailleadh
- 2.11 Fiosrachadh stiùiridh air an obair
- 2.12 Gnìomhan ath-stèidheachaidh sònraichte a dh'fheumar a dhèanamh gus an tòisich an t-aonad gnìomhachais ag obair a-rithist
- 2.13 A' cumail sùil air soirbheachadh an ath-stèidheachaidh
- 2.14 Cunntas
- 2.15 A' cumail cunntas air fiosrachadh a tha air a logadh
- 2.16 A' tilleadh don àbhaist

#### **3 Fiosrachadh Taice**

- 3.1 Buill an Sgioba Èiginn
- 3.2 Seòmar-stiùiridh an Tachartais
- 3.3 Àireamhan an Luchd-obrach
- 3.4 Comhairliche Math-dhaoine
- 3.5 Manaidsear an Togalaich
- 3.6 An t-Ionad Ath-stèidheachaidh
- 3.8 Seòlaidhean Conaltraidh airson daoine eile san Oifis
- 3.8 Fiosrachadh Conaltraidh airson daoine taobh a-muigh na buidhne

## **1 Prìomh Sgioba Ath-stèidheachaidh na h-Oifis**

### **1.1 Cinn-uidhe airson Ath-stèidheachadh an Aonaid**

Thathar a' dèanamh a' mhòr-chuid de obair rianachd is ro-innleachdail na buidhne ann am prìomh oifis Fèisean nan Gàidheal aig Taigh a' Mhill, a th' againn air mhàl bho HIE.

Thathar a' cumail an fhiosrachaidh uile mu thuarastalan, luchd-obrach, cùisean ionmhasail is gnìomhachais aig an t-seòladh seo, agus tasglann. Thathar cuideachd a' cumail Stòras Ionmhasaichean Ciùil an sin. 'S iad prìomh chinn-uidhe an sgioba ath-stèidheachaidh dèanamh cinnteach:

- nach bi fiosrachadh dìomhair air a sgaoileadh;
- gu bheil fiosrachadh tasglainn gu leòr ri fhaotainn – a dh'fheumar a thaobh an lagha agus fheumalachdan gnìomhachais – ann an àite eile, ma chaillear faidhlichean dealain agus/no pàipeir;
- nach bi tachartasan nam ball ann an cus cunnairt ri linn call fiosrachaidh, ionmhasaichean no nithean eile air sgàth milleadh don togalach, no do na tha na bhroinn, no nì sam bith eile a chuireadh stad air obair na h-oifis;
- gun urrainnear obair na prìomh oifis a thòiseachadh a-rithist gun mòran maill sam bith.

### **1.2 Dleastanasan airson Ath-stèidheachadh an Aonaid**

Tha e mar dhleastanas air Sgioba Ath-stèidheachaidh an Aonaid dèanamh cinnteach gun urrainn don bhuidhinn na dleastanasan cùmhnaint is gnìomhachais aice a choileanadh ma thèid stad a chur air a h-obair, ri linn thachartasan mar theine, tuiltean, milleadh eile no eucoir. Feumaidh manaidsèaran dèanamh cinnteach gun dèanar taic-chopaidhean de dh'fhaidhlichean coimpiutair gu cunbhalach agus gu bheil iad air an cumail taobh a-muigh Taigh a' Mhill. Tha dìosg cruaidh fa-leth aig gach neach-obrach airson faidhlichean cùl-taice a chur air, agus bu chòir taic-chopaidhean a dhèanamh co-dhiù uair san t-seachdain, no às dèidh atharrachadh mòr san fhiosrachadh (m.e. Roile-pàighidh, aithrisean ionmhasail, aontaidhean cùmhnaint, atharraichean ann am poileasaidhean agus atharraichean laghail eile). Bu chòir sgrìobhainnean pàipeir cudromach agus lethbhreacan magnaiteach/dealain dhiubh a chumail ann an ciste-tasgaidh ghlaiste a tha air a dhìon bho theine. Bu chòir iuchair a bharrachd airson na ciste seo a chumail ann an àiteigin taobh a-muigh Taigh a' Mhill.

Tha i an-dràsta aig: A MacCarraig, Burnbrae, Rathad Stafainn, Port Rìgh. 01478 613664

### **1.3 Gnìomhachd riatanach ri a h-Ath-stèidheachadh**

Am measg na h-obrach a nithear aig Taigh a' Mhill tha roile-pàighidh, rianachd luchd-obrach, ionmhas, trèanadh & poileasaidh, rianachd, stòras ionmhasaichean.

### **1.4 Buill an Sgioba Ath-stèidheachaidh agus fiosrachadh conaltraidh**

Stiùiriche – Art MacCarraig: 01478 613664

Manaidsear Gnìomha – Anne Willoughby: 01470 542282

Oifigear Ghnothaichean – Moreen Pringle: 01478 613148

Oifigear Trèanadh & Poileasaidh – Iona NicDhòmhnaill: 01478 611198

Neach-cruinneachaidh Dion Chloinne – Sandy Gray: 07717 081762

## **2 Obair Sgioba Ath-stèidheachaidh na Prìomh Oifis**

### **2.1 A' faighinn fios mu chall**

'S e Art MacCarraig, an Stiùiriche, a tha ainmichte mar fhear na h-iuchrach an-dràsta, agus mar as tric thèid fios a chur thuigesan mu chùis èiginn.

### **2.2 A' gairm an sgioba**

Nuair a tha an Stiùiriche air measadh a dhèanamh air an t-suidheachadh, thèid fios a chur chun an sgioba mu na thachair, agus thèid an gairm chun an làraich ma dh'fheumar. Ma bha teine no càil mar sin ann, gheibhear comhairle bhon t-seirbheis smàlaidh/poileas air cuin a dh'fhaodar iarraidh air luchd-obrach eile tighinn chun an làraich. Cha bu chòir do luchd-obrach a dhol a-staigh don togalach gus a bheil e sàbhailte sin a dhèanamh.

### **2.3 A' toirt stiùireadh don sgioba**

Bu chòir dleastanasan sònraichte a thoirt do bhuill an sgioba mu choinneimh an ath-stèidheachaidh, air an cur prìomh mhanaidsearan prìomhachas.

Dh'fhaodadh liosta mar seo a bhith agaibh:

Art MacCarraig: Ceannard an Sgioba/A' conaltradh ri seirbheisean èiginn & companaidhean àrachais

Anne Willoughby: A' faighinn sgrìobhainnean & uidheam air ais/A' cur air dòigh Ionad an Ath-stèidheachaidh

Moreen Pringle: A' faighinn ionnstramaidean air ais/A' cuideachadh le bhith faighinn sgrìobhainnean & uidheam air ais  
Iona NicDhòmhnaill: Trèanadh & Poileasaidh/Cuideachadh leis an obair gu h-àrd/Math-dhaoine  
Sandy Gray: Dìon Chloinne/Cuideachadh le bhith faighinn sgrìobhainnean air ais

## 2.4 Logaichean

Bu chòir ceannard an sgioba, no neach-obrach air an tèid iarraidh, log a chumail de gach gnìomh a chaidh iarraidh air daoine a dhèanamh agus gach gnìomh a rinneadh m.e.:

A' cur fios chun a' chompanaidh àrachais;

A' cur fios gu bòrd an uisge, muinntir a' fòn, an dealain agus a' cur seirbheisean sealach air dòigh ma dh'fheumar;

A' cur fios chun a' bhanca;

A' cur fios gu Oifis a' Phuist, agus a' toirt seòladh sealach dhaibh airson post;

A' cur siùil an sàs gus am bathar a chaidh a shàbhaladh a ghiùlan chun an Ionaid Ath-stèidheachaidh (no làrach eile);

A' dèanamh an togalaich tèarainte;

A' cur an Ionaid Ath-stèidheachaidh air dòigh airson bathar/nithean eile a ghabhail;

A' dèanamh cinnteach gun toirear sùil air na sgrìobhainnean agus uidheam nuair a gheibhear iad;

A' dèanamh liosta de na sgrìobhainnean agus uidheam a tha a dhìth/air a mhilleadh (mu choinneimh a' chlàr-seilbhe agaibh);

A' coimhead ri sàbhailteachd an luchd-obrach a tha an sàs san obair ath-stèidheachaidh aig Taigh a' Mhill agus san Ionad Ath-stèidheachaidh.

## 2.5 A' cur fios gu Luchd-obrach na Prìomh Oifis

Bu chòir fios a chur mu na thachair gu neach-obrach sam bith bhon phrìomh oifis nach deach a ghairm mar phàirt den sgioba ath-stèidheachaidh, agus 's dòcha gun tèid iarraidh orra cuideachadh le bhith sàbhaladh stuth, no a dhol chun an Ionaid Ath-stèidheachaidh (ma chaidh milleadh cho mòr a dhèanamh air Taigh a' Mhill 's nach urrainnear stuth a dhìon an sin) gus uidheam is sgrìobhainnean a chaidh a shàbhaladh a ghabhail.

## 2.6 A' Sàbhaladh Nithean

Bu chòir sgrìobhainnean is uidheam a ghabhas a shàbhaladh a ghluasad gu àite às an togar iad, a thèid ainmeachadh le Ceannard an Sgioba. Faodar an uair sin an togail agus an gluasad chun an Ionaid Ath-stèidheachaidh.

## 2.7 A' gluasad chun an Ionaid Ath-stèidheachaidh

Bu chòir dòigh giùlain a chur air dòigh eadar Taigh a' Mhill agus an t-Ionad Ath-stèidheachaidh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh seo a bhith na chàr prìobhaideach le trèilear; làraidh; no bhana air mhàl no air iasad, a rèir dè tha ri fhaotainn aig an àm.

## 2.8 San Ionad Ath-stèidheachaidh

Bu chòir iarraidh air cuid a luchd-obrach a dhol chun an Ionaid Ath-stèidheachaidh agus a bhith deiseil gus sgrìobhainnean is uidheam a chaidh a shàbhaladh a ghabhail. Bu chòir ceannard ainmeachadh a stiùireas an obair seo, agus a chlàras nan nithean a gheibh iad agus an staid anns a bheil iad. Tha e cudromach gun cuimhnichear gu bheil cuid a sgrìobhainnean dìomhair is prìobhaideach, m.e. fiosrachadh mu luchd-obrach, ionmhas, m.s.a.a., agus tha e cudromach gum bi fiosrachadh den t-seòrsa seo fhathast air a chumail dìomhair.

Bithear cuideachd a' co-òrdanachadh Siùil airson Leantalachd a' Ghnìomhachais san Ionad Ath-stèidheachaidh, mar eisimpleir: a' lorg oifisean ùra; a' cur air dòigh seirbheisean fòn is FT; post air a stiùireadh gu seòladh eile agus msaa. Cuideachd bidh an t-ionad na àite ris am faod luchd-obrach, Fèisean, companaidhean àrachais agus buidhnean eile dèiligeadh.

## 2.9 A' tòiseachadh obair an ath-stèidheachaidh

Bu chòir fiosrachadh a chumail ri luchd-obrach is buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal mun t-suidheachadh obrach shealach, àireamhan fòn, msaa. 'S dòcha gun tèid iarraidh air cuid a luchd-obrach obair bhon taigh, agus iad a' bruidhinn gu cunbhalach ris an ionad ath-stèidheachaidh.

## 2.10 A' faighinn a-mach mu dè am fiosrachadh/pàipearan obrach a chailleadh

Fhad 's a leanadh am poileasaidh FT, cha bu chòir gum bi ach beagan fiosrachaidh air a chall. Thathar ag iarraidh air luchd-obrach taic-chopaidhean a dhèanamh de dh'fhaidhlichean coimpiutair gu cunbhalach air dràibhichean fa-leth a

tha air an cumail ann an àite eile, m.e. san dachaigh aca. Thathar a' cumail tòrr fhaidhlichean tasglainn ann an toglaichean eile, agus leabhraichean. 'S dòcha gun gabh cuid a dh'fhaidhlichean pàipeir a shàbhaladh, agus bu chòir clàr de na faidhlichean a chailleadh a chumail. Ma bha am fiosrachadh sna faidhlichean seo riatanach do dh'obair na buidhne, 's dòcha gu bheil lethbhreacan aig buidhnean eile, mar Comhairle Ealain na h-Alba, HIE, HIRC, msaa, agus 's math dh'fhaodte gun urrainnear lethbhreacan fhaighinn air ais bho na buidhnean seo, no bho oifisean eile aig Fèisean nan Gàidheal.

#### 2.11 Fiosrachadh stiùiridh don obair

'S dòcha gum faighear fiosrachadh stiùiridh air an obair a chailleadh bho àiteachan eile.

#### 2.12 Gnìomhan ath-stèidheachaidh sònraichte a dh'fheumar a dhèanamh gus an tòisich an t-aonad gnìomhachais ag obair a-rithist

Bu chòir fios a sgaoileadh tro phàipearan-naidheachd/rèidio mu na siùil shealach a th' agaibh airson a dhol air ais a dh'obair – seòlaidhean, àireamhan fòn, msaa. A bharrachd air obair àbhaisteach na buidhne, 's dòcha gum feumar luchd-obrach fa leth ainmeachadh gus dèiligeadh ri dleastanasan eile, mar bruidhinn ri poileas/luchd-sgrùdaidh, àrachas, a' lorg oifisean ùra, a' faighinn uidheam ùr, msaa. Cuiribh fios gu Fèisean tron phrìomh àireamh fòn air an son, agus cuiribh fiosrachadh air an làrach-lìn. Pelican (Heckie Cormack): 01478 612558. Sitekit: 01478 613300

#### 2.13 A' cumail sùil air soirbheachadh an ath-stèidheachaidh

Bu chòir coinneamhan a chumail gu cunbhalach gus sùil a chumail air mar a tha an t-ath-stèidheachadh a' tighinn air adhart, le ceannard an sgioba sa chathair, agus gus dleastanasan ùra a roinn ma dh'fheumar.

#### 2.14 Cunntas

Bu chòir cunntas a dhèanamh air gach coinneamh gus clàr a chumail den adhartas agus mar a thathar a' coileanadh agus a' roinn na h-obrach.

#### 2.15 A' cumail cunntas air fiosrachadh a tha air a logadh

Faicibh 2.14 gu h-àrd

#### 2.16 A' tilleadh don àbhaist

Bu chòir don aonad oidhirp a dhèanamh tilleadh don àbhaist cho luath 's as urrainn dhaibh, le bhith ag obair ann an togalach fad seal-ùine fhad 's a thathar a' dèanamh obair chàraidh air an oifis, no le bhith a' gluasad gu oifis ùr.

### **3 Fiosrachadh Taice**

#### 3.1 Buill an Sgioba Èiginn

'S iad:

Stiùiriche (Neach na h-Iuchrach)

Manaidsear Gnìomha

#### 3.2 Seòmar-stiùiridh an Tachartais

Thèid Seòmar-stiùiridh a stèidheachadh gus dèiligeadh ris a' chùis èiginn sa chiad dol-a-mach. Àiteachan a tha rim moladh:

Talla Cruinneachaidh an Eilein Sgiathanaich: 01478 611114 no fònaibh Lisa Hawthorne 01470 582410

Togamaid, Talla Eaglais na h-Alba: Urr. Sandor Fazakas, 01478 611868

#### 3.3 Àireamhan an Luchd-obrach

Art MacCarraig 01478 613664

Anne Willoughby 01470 542282

Iona NicDhòmhnaill 01478 611198

Moreen Pringle 01478 613148

Sandy Gray 01478 613252

### 3.4 Comhairliche Math-dhaoine

Comhairliche Math-dhaoine an Tachartais – Iona NicDhòmhnaill.

### 3.5 Manaidsear an Togalaich

Manaidsear an Togalaich – Anne Willoughby.

### 3.6 An t-Ionad Ath-stèidheachaidh

Thathar a’ moladh Talla Cruinneachaidh an Eilein Sgiathanaich mar Ionad Ath-stèidheachaidh. Am measg nan àiteachan eile a dh’fhaodadh a bhith ann tha Ionad Coimhearsnachd Phort Rìgh, An Seann Amar-snàmh, portacabin air mhàl (feumar bun-stèidh & ceangal dealain air a shon), no na h-àiteachan fon liosta airson Seòmar-stiùiridh. Dh’fhaodadh coimhead air taighean m.e. taighean saor-làithean, ma dh’fheumar. Bhiodh a’ mhòr-chuid de luchd-obrach comasach air obair bhon taigh/air a’ choimpiutair, ach feumaidh ionad a bhith ann airson adhbharan conaltraidh oifigeil.

### 3.7 Fiosrachadh Conaltraidh airson daoine eile air an làrach

Chithear fiosrachadh conaltraidh airson daoine air an làrach fo “luchd-obrach”.

### 3.8 Fiosrachadh Conaltraidh airson daoine taobh a-muigh na buidhne:

Èiginn:

Poileas: Port Rìgh: 01478 612888, Prìomh Oifis: 01463 715555

Prìomh Oifis Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na Gàidhealtachd is nan Eilean: 01463 227000

Goireasan:

Scottish Hydro-Electric: 0800 300999

Uisge na h-Alba: 0845 600 8855

Ospadalan:

Ospadal Phort Rìgh: 613200

Ionad Meidigeach Phort Rìgh: 612013

Ospadal Cuimhneachaidh MhicFhionghain: 01471 822491

Ospadal an Ràthaig Mhòir: 01463 704000

A’ Chomhairle:

Comhairle na Gàidhealtachd: 01463 702000

Oifis an Eilein Sgiathanaich & Loch Aillse: 01478 612341

Àrachas:

Giles & Co: 01463 236276

Banca:

Banca Dhail Chluaidh: 01478 612367 (Port Rìgh)

Sealbhadair:

Airson HIE: 01463 234171/01478 612841

Rydens Property Managers:

Graham agus Sibbald (màl): 01463 236977

Oifisean So-ghluasadach air Mhàl (Portacabins):

Ionad Màil Obar Dheathain: 01224 379417

Elliott Hire: 0808 108 3333 (Dyce)

Eile:

Bhanaichean air Mhàl/stòradh:

Jansvans: 01478 612087

Glanadh Gnìomhachais:

Vacman Industrial Cleaning: 0800 783 6103

Luchd-togail:

Jamie Shaw: 07760 484474

MacDonald Bros: 01478 612661/611611

UBC: 01878 700401

MacFarlane's: 01478 613613